

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Ùrnaigh na Creubhaig

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.maclea@bbc.co.uk. This is Litir 992. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 688 corresponds to Litir 992.

A Thrianaid Bheannaichte, tha Thu ann an Ameireagaidh agus Astràilia, agus tha Thu ann an seo an-dràsta. Tha thu mar an iasg air an dubhan 's nach leig an reothairt dheth Thu. O Thusa, a Thrianaid Bheannaichte, tha Thu ann an seo an-dràsta, agus anns a' Ghàidhealtachd agus ann an Inbhir Nis 's air na stiopallan àrda. Tha Thu an seo an-dràsta, agus sìos aig Baile Dhubhthaich. Tha Thu a' toirt taigh sglèata do na h-uaislean, ach thug Thu dhomh a-mhàin bothan dubh sùitheach nach cum a-mach boinn' uisge, agus a h-uile deur a' tuiteam ann am brochan Fhearchair.

Uill, a-nise, chan ann tric a bhios mi a' tòiseachadh na Litreach le ùrnaigh! Ach tuigidh sibh nach e ùrnaigh àbhaisteach a th' innte. Cha chreid mi gun robh i air a lìbhrigeadh riamh o chùbaid ann an eaglais. Ach bha i co-cheangailte ri fear air an robh Fearchar mar ainm. A bheil fios agaibh cò am Fearchar?

Seo beagan a bharrachd dhen ùrnaigh: *Beannaich an gobha a dhealbhas a' chruaidh a ghearras an t-iarann airson a sparradh anns na clachan. Beannaich an talamh, a Thrianaid, agus an làthach, a' chearc bhuidhe leis na h-eòin, a' bhò bhàn, am bainne agus na caoraich. Beannaich mar an ceudna na h-eich, na cairtean, na crainn agus na cliathan, an coirc, an t-eòrna, am buntàta, an teine, an t-uisge agus a h-uile seòrsa de shoithichean – seadh, beannaich iad, a Thrianaid Bheannaichte.*

Uill, bu chòir dhomh innse dhuibh cò am fear a sgrìobh an ùrnaigh, a rèir aithris, co-dhiù. Fearchar a' Ghunna. Chan eil ainm Beurla aige, ach canaidh cuid 'The Ross-Shire Wanderer' ris. Bhuineadh e do Shrath Chonain faisg air Inbhir Pheofharain. Rugadh e ann an seachd ceud deug, ochdad 's a ceithir (1784). 'S e falbhanach a bh' ann, agus bheir sinn sùil air a bheatha an-ath-sheachdain. Ach tha mi airson tuilleadh dhen ùrnaigh aige a thoirt dhuibh. Tha mi cinnteach gu bheil i a' dèanamh dealbh de bheatha Fhearchair – a bha gu cinnteach na chreidmheach.

Beannaich na craobhan, am feur agus mòine, an conasg, am fraoch, an raineach agus an t-aiteann. Beannaich mar an ceudna, a Thrianaid, na gunnachan, am fùdar agus luaidhe, na ròcaisean, na pioghaidean, cearcan-fraoich, maighich agus coineanan. Beannaich mar an ceudna na fèidh, na h-earban, na lachan fiadhaich agus callaidh, na geòidh, na faoileannan, na coin agus na cait, na luchan, radannan agus famhan. Beannaich an t-iasg anns a' mhuir, loch, abhainn agus sruth, ach beannaich gu h-àraidh an sgadan mòr math a tha sinn a' faighinn leis a' bhuntàta.

A, uill, tha e furasta aithneachadh dè am biadh a b' fheàrr leis ar laoch! Ach dè eile a bu toigh leis? Uill, thig sinn gu sin ann an tiotan. 'S e ainm na h-ùrnaigh seo Ùrnaigh na Creubhaig. 'S e ainm car annasach a th' ann oir, mar as trice, bidh am facal creubhag a' riochdachadh boireannach beag, seach fear beag. Co-dhiù, airson crìoch a chur air an Litir, seo agaibh a-nise deireadh na h-ùrnaigh:

Agus beannaich, a Thrìanaid Bheannaichte, na pìoban tombaca, cruaidh agus clachan spor, cnàmhan, itean, luideagan, iuchraichean agus iarann. Beannaich mar an ceudna am fiodh, cainb, cotain agus tì 's siùcar, ged nach eil cuibhreann Fhearchair bhochd dhiubh ach beag. Beannaich a h-uile nì, a Thrìanaid Bheannaichte, oir chruthaich Thusa, Thu Fhèin iad uile. Amen.

* * * * *

Faclan na Litreach: Baile Dhubhthaich: *Tain*; làthach: *gutter*; falbhanach: *wanderer, person of no fixed abode*; cearcan-fraoich: *grouse (plural)*; famhan: *moles*; cainb: *hemp*.

Abairtean na Litreach: iasg air an dubhan 's nach leig an reothairt dheth Thu: *a fish on the hook and the high [spring] tide will not release you*; air na stiopallan àrda: *on the high steeples*; Tha Thu a' toirt taigh sglèata do na h-uaislean: *You give the gentry a slate-roofed house*; thug Thu dhomh a-mhàin bothan dubh sùitheach nach cum a-mach boinn' uisge: *You only gave me a sooty black bothy that won't keep out a drop of water*; a h-uile deur a' tuiteam ann am brochan Fhearchair: *every drop falling in Farquhar's porridge*; nach e ùrnaigh àbhaisteach a th' innte: *that it's not a normal prayer*; beannaich an gobha a dhealbhas a' chruaidh a ghearras an t-iarann airson a sparradh anns na clachan: *bless the blacksmith who creates the steel that cuts the iron to be driven into the stones*; mar an ceudna: *likewise*; na crainn agus na cliathan: *the ploughs and the harrows*; bhuineadh e do Shrath Chonain faisg air Inbhir Pheofharain: *he belonged to Strathconon near Dingwall*; am feur agus mòine, an conasg, am fraoch, an raineach agus an t-aiteann: *the grass and peat, the gorse, the heather, the bracken and the juniper*; na h-earban, na lachan fiadhaich agus callaidh, na geòidh, na faoileannan: *the roe deer, the ducks, wild and tame, the geese, the seagulls*; an sgadan mòr math a tha sinn a' faighinn leis a' bhuntàta: *the good, big herring that we get with potato*; tha e furasta aithneachadh dè am biadh a b' fheàrr leis ar laoch: *it is easy to recognise what food our hero liked best*; clachan spor, cnàmhan, itean, luideagan: *flints, bones, feathers, rags*; ged nach eil cuibhreann Fhearchair bhochd dhiubh ach beag: *even though poor Farquhar's share of them is but small*.

Puing-chànain na Litreach: na ròcaisean, na pioghaidean, cearcan-fraoich, maighich agus coineanan: *if you're a Gaelic learner in Easter Ross, with no native dialect speakers to help you, old accounts like Ùrnaigh na Creubhaig can help you find out what words were used locally. Ròcaisean is translated in the book 'Fearchar a' Ghunna' as 'crows' not 'rooks'. Pioghaidean 'magpies' are rare in the north these days – were they once more common? Maighich is 'hares' (rather than gearran) and coineanan is used for 'rabbits' rather than coineanaich or rabaidean.*

Gnathas-cainnt na Litreach: A Thrìanaid Bheannaichte: *Oh, Blessed Trinity.*

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA